**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

# DEASBAD BT ALBA 2010 AIR FÀIRE

**29 An Dàmhair 2010**

Tha an obair ullachaidh mu dheireadh mu choinneamh Deasbad BT Alba 2010 a-nis a' gabhail àite fad is farsaing air feadh na dùthcha. Thèid a' chiad dà chuairt a chumail anns an Lanntair ann an Steòrnabhagh an ath sheachdain, sin Dimàirt agus Diciadain an dàrna agus an treas là den t-Samhain 2010. Anns an tachartas bhliadhnail, bidh fichead sgioba bho sia sgoiltean deug bho air feadh Alba a' gabhail pàirt anns a' cho-fharpais chliùiteach a tha air a bhith a' gabhail àite airson còrr air deich bliadhna a-nis. A' gabhail pàirt anns an Deasbad airson a' chiad turas a-riamh tha Àrdsgoil Ualais à Sruighlea, Acadamaidh Rìoghail Inbhirnis agus Àrd Sgoil Thiriodh. Thèid na ceithir sgoiltean mu dheireadh air adhart chun iar-chuairt a thèid a chumail ann an Ionad Sgeulachdan Dhùn Eideann air Dimàirt 23 Samhain agus gabhaidh a' chuairt dheireannach àite aig Pàrlamaid na h-Alba aig Holyrood air Diciadain 24 Samhain. Cluinnear cuideachd a' chuairt dheireannach beò air BBC Radio nan Gàidheal bho 6.00f.

Bidh na còig sgiobaidhean a bhuannaich anns na deich farpaisean ann an Cuairt 1 a' faighinn troimhe agus an dà sgioba eile a b' fheàrr ann am beachd nam britheamhan. Mar sin, bidh 6 farpaisean anns an dàrna cuairt – gach farpais air an aon chuspair. Gheibh na ceithir sgiobaidhean as àirde aig am bi puingean troimhe chun iar-chuairt deireannaich. Chaidh an taghadh airson a' Chiad Chuairt mar a leanas:

Dimàirt 2 Samhain @ 1.30f

- Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu A V Sgoil MhicNeacail B
- Acadamaidh Allt a' Mhuilinn V Àrdsgoil Sheumais Gillespie
- Sgoil Lìonacleit V Àrdsgoil Sheumais Gillespie B
- Acadamaidh Inbhir Pheofharain V Sgoil MhicNeacail
- Acadamaidh Hazlehead V Àrdsgoil Ghleann Challdair

Dimàirt 2 Samhain @ 6.30f

- Sgoil Bhàgh a' Chaisteil A v Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich
- Acadamaidh Rìoghail Inbhirnis v Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu B
- Sgoil Bhàgh a' Chaisteil B V Àrdsgoil Phort-righ
- Sgoil Sir E. Scott v Àrdsgoil Thiriodh
- Àrdsgoil Ualais v Acadamaidh Bhaile Theàrlaich

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

Tòisichidh an dàrna cuairt air Diciadain an treas là, a-rithist aig 1.30f agus cluinnear sia deasbadan air an fheasgar sin. Tha fàilte chridheil air neach sam bith a thighinn a dh'èisteachd ri na deasbadan. Thuirt Cathraiche Comataidh Rianaidh Deasbad Nàiseanta nan Sgoiltean Ghàidhlig., Calum Iain MacLeòid:

"Mholainn do neach sam bith a dhol a dh' èisteachd ri Deasbad Bt Alba 2010 agus taic a thoirt dha. Gach bliadhna tha sinn a' faicinn deasbad a tha air leth tarraingeach – a tha a na dheagh thaisbeanadh air na sgilean làidir a tha aig sgoilearan ann an conaltradh agus deasbad. Tha mi cuideachd toilichte fàilte a chur air na trì sgoiltean ùra a tha a' gabhail pàirt airson a' chiad uair agus tha mi an dòchas gun còrd a' chùis riutha. Ma tha sibh airson feasgar inntinneach a chur seachad mholainn dhuibh ar slighe a dhèanamh chun an Lanntair".

Airson tuilleadh fiosrachaidh thèid gu làrach-lìn an Deasbad BT 2010, www.deasbadbtalba.com
Fiosrachadh do Luchd-deasachaidh:

Tha a' Chomataidh Rianaidh airson taing a thoirt do BhT Alba, na prìomh luchd taic, airson an taic a tha iad air a thoirt seachad.

Tha taic agus maoineachadh cuideachd a thighinn bho Chomunn na Gàidhlig, am BBC, Comhairle nan Eilean Siar, Bòrd na Gàidhlig, MG Alba, Buidheann Stiùiridh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

# FINAL PREPARATIONS UNDERWAY FOR BT ALBA DEBATE 2010

**29 October 2010**

Final preparations are taking place ahead of the 2010 BT Scotland National Schools Gaelic Debate. The first two rounds will be held in An Lanntair in Stornoway next week, Tuesday and Wednesday the 2nd and 3rd of November 2010. The annual event will bring together twenty debating teams from sixteen schools from across Scotland who will all compete in this prestigious competition which has been running for over a decade. Competing for the first time are Wallace High School from Stirling, Inverness Royal Academy and Tiree High School. The final four schools will compete in the semi-finals which will be held in the Scottish Storytelling Centre in Edinburgh on Tuesday 23rd of November 2010. The Final of the BT Alba Debate will once again be held in the Scottish Parliament at Holyrood on Wednesday the 24th of November 2010 and will be broadcast live on BBC Radio nan Gàidheal from 6.00pm that evening. The ten winning teams from Round One, along with the two other teams deemed worthy of a place in the next round by the adjudicators will all debate the same topic in the second round. The four teams with the highest points will progress to the semi-finals in Edinburgh. The draw for Round 1 is as follows:

Tuesday 2nd November @ 1.30pm

- Glasgow Gaelic School A V Nicolson Institute B
- Millburn Academy V James Gillespie A
- Sgoil Lionacleit V James Gillespie B
- Dingwall Academy V Nicolson Institute A
- Hazlehead Academy V Calder Glen High School

Tuesday 2nd November @ 6.30pm

- Castlebay Community School A V Tain Royal Academy
- Inverness Royal Academy V Glasgow Gaelic School B
- Castlebay Community School B V Portree High School
- Sir E Scott School V Tiree High School
- Wallace High School V Charleston Academy

Round Two will take place on Wednesday the 4th, again commencing at 1.30pm and six debates will be heard. Members of the public are warmly invited to attend the debates. Chairperson of the BT Scotland National Gaelic Schools' Debate Management Committee Calum Iain MacLeod said:

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

"I would strongly encourage members of the public to go along and support the 2010 Deasbad BT Alba. Year on year we see some excellent debates – a showcase of the strength of the debating and communication skills of our Gaelic speaking youngsters. It is also particularly encouraging to welcome three new schools to this year's Debate and trust they all have an enjoyable and beneficial experience. I would thoroughly recommend those interested in a great afternoon or evening's entertainment to make their way to An Lanntair".

Further information on the BT 2010 Debate can be found on the Debate's website at www.deasbadbtalba.com.
Notes to Editors:

The Management Committee would like to thank BT Scotland, the main sponsors, for their continued support of the Debate.

Additional assistance for the BT Scotland Debate 2010 has come from Comunn na Gàidhlig, the BBC, Comhairle nan Eilean Siar, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA and the Management Review Group for Gaelic.

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454